




Curraicealam airson Sàr-mhathais: teicneòlasan eòlasan agus builean

<https://www.education.gov.scot/>

Tha am frèam theicneòlasan a' tabhann raon de dhiofar cho-theacsan airson ionnsachadh, a' gabhail a-steach nan cùisean thar an ionnsachaidh; ionnsachadh airson seasmhachd, saoranachd cruinneil, iomairt, a tha a' tarraing air taobhan cudromach de bheatha agus obair làitheil.

Tha am frèam a' leasachadh eòlas, sgilean, feartan agus comasan de 13 prìomh bun-bheachdan/taobhan cudromach de ionnsachadh sna teicneòlasan.

- Mothachadh air leasachaidhean teicneòlasach (An t-Àm a dh'fhalbh, An t-Àm a tha an làthair is an t-Àm ri teachd), agus mar a tha iad ag obair.
- Buaidh, tabhartas agus ceangal a tha aig teicneòlasan ri gnothachas, an eaconamaidh, poilitics, agus an àrainneachd.
- A' cleachdadh bathar agus seirbheisean didseatach ann an caochladh co-theacsan gus buil le deagh adhbhar a choileanadh
- A' lorg, a' làimhseachadh agus a' manaidseadh fiosrachadh gu cùramach
- Fulangach a thaobh saidhbear agus sàbhailteachd eadar-lìon
- A' tuigsinn an t-saoghail tro smaoineachadh coimpiutaireachd
- A' tuigsinn agus a' dèanamh anailis air teicneòlas coimpiutaireachd
- A' deilbh, a' togail agus a' feuchainn a-mach fuasglaidhean coimpiutaireachd
- Teicneòlasan bidhe agus aodaich
- A' deilbh & a' cumadh modailean/bathar
- A' sgrùdadh an cleachdadh de stuthan
- A' riochdachadh beachdan, bun-bheachdan agus bathar tro mheasgachadh de mheadhanan grafaigeach
- Cur an sàs Einnseanaireachd

Taobh a-staigh gach prìomh bun-bheachd/taobh cudromach de dh'ionnsachadh leasaichidh agus comharraichidh luchd-ionnsachaidh

- eòlas agus tuigse de na prìomh bun-bheachdan sna teicneòlasan
- feòrachas, rannsachadh agus sgilean fuasgladh cheistean
- sgilean planaidh agus eagrachaidh ann an raon de cho-theacsan
- cruthachalachd agus ùr-ghnàthachadh
- sgilean ann a bhith a' cleachdadh innealan, uidheam, bathar-bog, meadhanan grafaigeach agus stuthan
- sgilean ann a bhith a' co-obrachadh, a' stiùireadh agus ag eadar-obrachadh le feadhainn eile
- breithneachadh tro rannsachadh agus faighinn a-mach taobh a-staigh raon de co-theacsan ionnsachaidh
- còmhraidh agus deasbad
- a' lorg agus a' faighinn fiosrachadh gus cur ri breithneachadh taobh a-staigh caochladh sheòrsa co-theacsa ionnsachaidh
- a' dèanamh cheanglaichean eadar sgilean speisealta a tha air an leasachadh taobh a-staigh ionnsachadh agus sgilean airson obair
- a' luachadh bathar, siostaman agus seirbheisean
- sgilean taisbeanaidh agus conaltraidh
- mothachadh air seasmhachd

Tha am frèam a' gabhail a-steach eòlasan agus builean cruthachail, practaigeach, agus co-cheangailte ri obair a tha a' leasachadh sgilean airson gnothachas, litearras didseatach, coimpiutaireachd, biadh, aodach, obair ceàird, deilbh, einnseanaireachd, grafaigs agus teicneòlasan gnìomhach. Bu chòir do ionnsachadh, teagasg agus measadh sna teicneòlasan a dhol thar raon de na 13 prìomh thaobhan cudromach de ionnsachadh, mar eisimpleir an uair a thathar a' planadh foghlam gnothachais ann an AS1 gu AS3 bu chòir dha dèiligeadh ri taobhan cudromach de ionnsachadh de Litearras Didseatach agus taobhan cudromach de ionnsachadh de Leasachaidhean Teicneòlasach sa Chomann Shòisealta is Gnothachas (cho math ri taobhan cudromach de ionnsachadh de chuspair Sòisealta).

Mar le litearras, àireamhachd agus slàint agus sunnd, bu chòir do Litearras Didseatach a bhith suidhichte aig teis mheadhan ionnsachadh, is chan ann a-mhàinn ann an raon teicneòlasan den churraicealam. Dh'fhaodadh builean Litearras Didseatach a bhith ann an raon sam bith/gach raon den churraicealam agus mar sin dh'fhaodadh gach neach-gnìomh cur riutha agus an daingneachadh.

Litearras Didseatach

Neach-eagrachaidh	Tràth	Ciad	Dàrna	Treas	Ceathramh
A' cleachdadh bathar agus seirbheisean didseatach ann an caochladh co-theacsan gus buil le deagh adhbhar a choileanadh	Is urrainn dhomh teicneòlasan didseatach a sgrùdadh agus na tha mi air ionnsachadh a chleachdadh gus ceistean fhuasgladh agus beachdan agus smuaintean a cho-roinn. TCH 0-01a	Is urrainn dhomh sgrùdadh agus feuchainn rudan a-mach le teicneòlasan didseatach agus na nithean a tha mi air ionnsachadh a chleachdadh gus taic a thoirt agus cur ri m' ionnsachadh ann an co-theacsan eadar-dhealaichte. TCH 1-01a	Is urrainn dhomh leudachadh agus cur ris an eòlas agam air teicneòlasan didseatach gus beachdan a chruinneachadh, anailis a dhèanamh orra, fiosrachadh iomchaidh agus an eagrachadh ann an dòigh chothromach. TCH 2-01a	Is urrainn dhomh sgrùdadh agus cleachdadh feartan de raon de theicneòlasan didseatach, bathar-bog agus goireasan air-loidhne gus dearbhadh an fhear as fheàrr airson ceistean fhuasgladh. TCH 3-01a	Is urrainn dhomh taghadh agus cleachdadh teicneòlasan didseatach gus ruighinn agus taghadh fiosrachadh iomchaidh agus ceistean mòra an t-saoghail fhuasgladh. TCH 4-01a
A' lorg, a' làimhseachadh agus a' manaidseadh fiosrachadh gu cùramach	Is urrainn dhomh teicneòlasan didseatach a chleachdadh gus sgrùdadh mar a shirear agus a lorgar fiosrachadh. TCH 0-02a	A' cleachdadh teicneòlasan didseatach gu cùramach is urrainn dhomh lorg, faighinn agus cleachdadh fiosrachadh gus taic a thoirt, neartachadh no leudachadh ionnsachadh ann an diofar cho-theacsan. TCH 1-02a	Is urrainn dhomh teicneòlasan didseatach a chleachdadh gus sireadh, lorg agus faighinn fiosrachadh agus tha mi mothachail nach gabh am fiosrachadh seo air fad a chreidsinn. TCH 02-02a	An dèidh cleachdadh teicneòlasan didseatach gus sireadh, lorg agus faighinn fiosrachadh is urrainn dhomh an taghadh agam fhìreanachadh a thaobh èifeachd, earbsachd agus mothachadh air mèirle-sgrìobhaidh. TCH 3-02a	Is urrainn dhomh teicneòlasan didseatach a chleachdadh gus fiosrachadh a làimhseachadh agus a rianachd gu cùramach agus iomradh a thoirt air tùsan gu dòigheil. TCH 4-02a
Fulangach a thaobh saidhbear agus sàbhailteachd eadar-lìn	Is urrainn dhomh sgrùdadh, cluich agus conaltradh a' cleachdadh teicneòlasan didseatach gu sàbhailte is gu tèarainte. TCH 0-03a	Is urrainn dhomh m' eòlas air a bhith a' cleachdadh teicneòlas didseatach a leudachadh gus conaltradh a dhèanamh le daoine eile agus tha mi mothachail air dòighean a bhith sàbhailte is tèarainte. TCH 1-03a	Is urrainn dhomh sgrùdadh coimhearsnachdan air-loidhne a' nochdadh tuigse air dòigh-giùlain didseatach ciallach agus tha mi mothachail air an dòigh anns an cùm mi mi fhèin sàbhailte is tèarainte. TCH 2-03a	Is urrainn dhomh mo chumail fhèin sàbhailte is tèarainte ann an àrainneachdan air-loidhne agus tha mi mothachail air cho cudromach is a tha seo agus a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aige orm fhein agus air feadhainn eile. TCH 3-03a	Is urrainn dhomh sgrùdadh buaidh eucoir-saidhbear airson gnòthachas agus gnìomhachas agus a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aig seo orm. TCH 4-03a

TEICNEÒLAS BIDHE AGUS AODAICH

Neach-eagrachaidh	Tràth	Ciad	Dàrna	Treas	Ceathramh
Biadh agus Aodach	Is toigh leam a bhith a' sgrùdadh agus ag obair le biadh ann an co-theacsan eadar-dhealaichte TCH 0-04a	Is urrainn dhomh raon de mhodhan-obrach sìmplidh a chleachdadh an uair a bhios mi ag obair le biadh TCH 1-04a	Tha mi a' leasachadh deas-làmhachd, cruthachaileas agus misneachd an uair a bhios mi ag ullachadh biadh agus ga chòcaireachd TCH 2-04a	Tha mi a' sìor fhàs nas misneachail agus nas deas-làmhach ann a bhith a' cleachdadh stuthan agus uidheam agus is urrainn dhomh sgilean speisealta a chleachdadh ann a bhith ag ullachadh biadh. TCH 3-04a	Is urrainn dhomh sgrùdadh feartan agus fuincsean stuthan, aodach agus uidheam gus am freagarrachd a stèidheachadh airson gnìomh aig an dachaigh no ann an saoghal na h-obrach. TCH 4-04a
	Is toigh leam a bhith ag obair le raon de dh'aodaichean TCH 0-04b	Is urrainn dhomh raon de dh'innealan agus uidheam a chleachdadh an uair a bhios mi ag obair le aodach TCH 1-04b	Tha mi a' leasachadh deas-làmhachd, cruthachaileas agus misneachd an uair a bhios mi ag obair le aodach TCH 2-04b	Is urrainn dhomh sgilean aodaich a chleachdadh ann an suidheachaidhean practaigeach agus cruthachail nam àite ionnsachaidh, aig an dachaigh no ann an saoghal na h-obrach TCH 3-04b	Is urrainn dhomh gu misneachail modhan ullachaidh agus pròiseasan a chleachdadh gus biadh agus aodach a dhèanamh a' cleachdadh sgilean speisealta, stuthan agus uidheam nam àite ionnsachaidh, san dachaigh no ann an saoghal na h-obrach. TCH 4-04b
	Is urrainn dhomh na smuaintean aca a cho-roinn le daoine eile gus cuideachadh ann a bhith a' dèanamh tuilleadh leasachaidh air beachdan agus ceistean fhuasgladh. TCH 0-04c	Tha mi a' leasachadh is a' cleachdadh ro-innleachdan fuasgladh cheistean gus coinneachadh ri dùbhlain le biadh no aodach TCH 1-04c	Is urrainn dhomh leudachadh agus sgrùdadh ro-innleachdan fuasgladh cheistean gus dèiligeadh ri dùbhlain le fòcas air biadh no aodach a tha a' sìor fhàs nas dorra TCH 2-04c	Le bhith a' cleachdadh ro-innleachdan fuasgladh cheistean agus a' nochdadh cruthachaileas ann an dùbhlain deilbh, is urrainn dhomh planadh, leasachadh, dèanamh agus luachadh biadh agus aodach a bhios a rèir feum na dachaigh no an saoghal obrach. TCH 3-04c	A' nochdadh cruthachaileas agus ùr-ghnàthachadh is urrainn dhomh dealbhadh, planadh agus ullachadh biadh agus aodach a tha a' fàs nas iom-fhillte a shàsaicheas feumalachdan an neach-cleachdaidh san dachaigh no ann an saoghal na h-obrach. TCH 4-04c
		Is urrainn dhomh beachdan atharrachadh agus a leasachadh agus is urrainn dhomh mo bheachdan a chur an cèill ann an diofar dhòighean TCH 1-04d	Is urrainn dhomh a bhith a' conaltradh, a' deasbad agus a' leasachadh mo bheachdan a' sìor fhàs nas misneachail agus le mìneachaidhean soilleir TCH 2-04d		Is urrainn dhomh sgilean breithneachaidh a chleachdadh a' luachadh càileachd agus èifeachdas

					an stuth agam fhèin agus stuth chàich. TCH 4-04d
--	--	--	--	--	--

Leasachaidhean Teicneòlasach sa Chomann Shòisealta is Gnothachas

Neach-eagrachaidh	Tràth	Ciad	Dàrna	Treas	Ceathramh
Mothachadh air leasachaidhean teicneòlasach (An t-Àm a dh'fhalbh, An t-Àm a tha an làthair is an t-Àm ri teachd), a' gabhail a-steach mar a tha iad ag obair.	Is toigh leam a bhith a' cluich le 's a' sgrùdadh teicneòlasan gus faighinn a-mach dè as urrainn dhaibh a dhèanamh agus mar as urrainn dhaibh ar cuideachadh. TCH 0-05a	Is urrainn dhomh sgrùdadh nan teicneòlasan as ùire agus beachdachadh air na dòighean anns a bheil iad air a thighinn air adhart. TCH 1-05a	Is urrainn dhomh rannsachadh mar a tha dealbhadh agus leasachadh stuthan air a thighinn fo bhuaidh atharrachaidhean ann an dòigh beatha. TCH 2-05a	Tha mi a' tuigsinn mar a tha leasachaidhean saidheansail agus teicneòlasach air cur ri atharrachaidhean ann an stuth a bhithear a' cleachdadh gu làitheil. TCH 3-05a	Is urrainn dhomh anailis a dhèanamh air stuth, a' gabhail a-steach seasmhachd agus leasachaidhean saidheansail agus teicneòlasach. TCH 4-05a
Buaidh, tabhartas agus ceangal aig teicneòlasan ri gnothachas, an eaconamaidh, poilitigs, agus an àrainneachd.	Gus cuideachadh ann a bhith a' coimhead às dèidh na h-àrainneachd, bidh mi a' lùghdachadh, ag ath-chleachdadh agus ag ath-chuairteachadh nan stuthan a bhios mi a' cleachdadh. TCH 0-06a Tha mi a' tuigsinn mar a bhios bùithtean ionadail agus seirbheisean a' cleachdadh teicneòlasan gus a bhith a' toirt dhuinn nan nithean a tha sinn feumach air agus a tha sinn ag iarraidh nar beatha làitheil. TCH 0-07a	Is urrainn dhomh gnìomh iomchaidh a choileanadh gus dèanamh cinnteach gum bi stuthan agus stòrasan air an gleidheadh le sùil air a' bhuaidh aig na gnìomhan agam air an àrainneachd. TCH 1-06a Tha mi a' tuigsinn mar a tha teicneòlasan a' cuideachadh a thaobh ar feumalachdan agus ar n-iarrtasan agus mar is urrainn dhaibh buaidh a thoirt air an àrainneachd anns a bheil sinn beò. TCH 1-07a	Is urrainn dhomh anailis a dhèanamh air mar as urrainn dòigh beatha buaidh a thoirt air an àrainneachd agus air stòrasan na Cruinne agus molaidhean a dhèanamh mu bhith beò ann an dòigh nas seasmhaich. TCH 2-06a Is urrainn dhomh molaidhean a dhèanamh mun dòigh a dh'fhaodadh daoine agus buidhnean teicneòlasan a chleachdadh gus taic a thoirt do sheasmhachd agus a' bhuaidh air ar n-àrainneachd a lùghdachadh. TCH 2-07a	Is urrainn dhomh luachadh a dhèanamh air na builean a thaobh daoine agus comainn shòisealta de na cùisean beus-eòlach a tha ag èiridh bho leasachaidhean teicneòlasach. TCH 3-06a Is urrainn dhomh na cosgaisean agus na buannachdan a shònrachadh a tha an lùib a bhith a' cleachdadh teicneòlasan gus lùghdachadh buaidh ar gnìomhan air an àrainneachd agus air gnothachas. TCH 3-07a Is urrainn dhomh sgrùdadh buaidh, cur-ris agus cleachdadh grunnan sheòrsa bathar-bog agus bathar-cruaidh a tha a' sìor fhàs airson gnothachas. TCH 3-08a	Is urrainn dhomh sgrùdadh raon de stuthan, pròiseasan no deilbh sa choimhearsnachd agam gus beachdachadh air am buaidh àrainneachdail, sòisealta agus eaconamach. TCH 4-06a Is urrainn dhomh co-dhùnidhean a thaisbeanadh mun bhuaidh a tha aig teicneòlasan air an eaconamaidh, poilitigs agus an àrainneachd. TCH 4-07a Is urrainn dhomh taghadh agus cleachdadh bathar-cruaidh agus bathar-bog iomchaidh a tha a' toirt taic do ghnìomhan gnothachais a tha a' sìor atharrachadh. TCH 4-08a

Obair Ceàird, Deilbh, Einnseanaireachd agus Grafaigs

Neach-eagrachaidh	Tràth	Ciad	Dàrna	Treas	Ceathramh
Deilbh agus dèan modailean/stuth	Tha mi a' sgrùdadh dhòighean a thaobh a bhith a' deilbh agus a' dèanamh mhodailean. TCH 0-09a	Is urrainn dhomh dealbhadh agus togail modailean agus na fuasglaidhean agam a mhìneachadh. TCH 1-09a	Is urrainn dhomh leudachadh agus cur ris na sgilean deilbh agam gus ceistean fhuasgladh agus is urrainn dhomh modailean a thogail. TCH 2-09a	Is urrainn dhomh fuasglaidhean a chruthachadh ann an 3D agus 2D agus is urrainn dhomh fireanachadh nam modhan togail/grafaigeach agus na feartan deilbh. TCH 3-09a	Is urrainn dhomh sgilean breithneachaidh deilbh a chleachdadh an uair a bhios mi a' deilbh agus a' dèanamh modailean/bathar do neach-cleachdaidh/neach-dèilig. TCH 4-09a
A' sgrùdadh an cleachdadh de stuthan	Tha mi a' sgrùdadh stuthan àbhaisteach ann a bhith a' cruthachadh dhealbhan/ mhodailean/ bun-bheachdan. TCH 0-10a	Is urrainn dhomh measgachadh de stuthan aithneachadh agus stuth iomchaidh a mholadh airson feum sònraichte. TCH 1-10a	Is urrainn dhomh bun-fheartan aithneachadh agus dòighean cleachdaidh de mheasgachadh de stuthan agus is urrainn dhomh innse dè an fheadhainn as freagarraich airson gnìomh sònraichte. TCH 2-10a	Is urrainn dhomh sgrùdadh feartan agus coileanadh stuthan mus tèid an stuth as iomchaidh airson a' ghnìomh fhìreanachadh. TCH 3-10a	Bidh mi a' beachdachadh air mar a tha an stuth a' coileanadh agus air seasmhachd nan stuthan agus gan co-chur ri suidheachaidhean fìor. TCH 4-10a
A' riochdachadh beachdan, bun-bheachdan agus bathar tro mheasgachadh de mheadhanan grafaigeach	Tha mi a' sgrùdadh agus a' lorg diofar dhòighean air a bhith a' riochdachadh bheachdan ann an dòighean inntinneach. TCH 0-11a	Is urrainn dhomh sgrùdadh agus feuchainn a-mach sgeadsadh, le làimh no didseatach gus beachdan a riochdachadh ann an co-theacsan ionnsachaidh eadar-dhealaichte. TCH 1-11a	Is urrainn dhomh raon de mhodhan-obrach grafaigeach a chleachdadh, le làimh agus gu didseatach, gus beachdan, feartan no stuthan a riochdachadh, a' feuchainn a-mach cumadh, dath agus inneach gus cur ris an obair agam. TCH 2-11a	Is urrainn dhomh raon de mhodhan-obrach agus inbhean a chleachdadh an uair a tha mi a' dèanamh ìomhaighean a' cleachdadh sgeidseadh, dealbhadh agus bathar-bog. TCH 3-11a	Is urrainn dhomh leudachadh an dòigh sa bheil mi a' cleachdadh modhan làimhe agus modhan grafaigeach didseatach gus beachdan, bun-bheachdan agus bathar a choileanadh agus aithneachadh cho cudromach 's a tha inbhean aig ìre an t-saoghail mhòir. TCH 4-11a
Cur an sàs Einnseanaireachd	Tha mi a' sgrùdadh	Tha mi a' sgrùdadh agus	Is urrainn dhomh an t-	Is urrainn dhomh m' eòlas	Is urrainn dhomh ceistean

	measgachadh de stuthan a tha dèiligeadh ri raon de dhiosaplainean einnseanaireachd. TCH 0-12a	a' lorg dhiosaplainean einnseanaireachd agus is urrainn dhomh fuasglaidhean a chruthachadh. TCH 1-12a	eòlas agus an tuigse agam air diosaplainean einnseanaireachd a leudachadh gus fuasgladh fhaighinn. TCH 2-12a	agus mo thuigse de dhiosaplainean einnseanaireachd a chur an cèill agus fuasglaidhean a leasachadh/chruthachadh airson gnìomhan air leth. TCH 3-12a	fhuasgladh tro bhith a' cur an sàs prionnsabalan einnseanaireachd agus is urrainn dhuinn conaltradh mun bhuidhe a tha aig einnseanaireachd mun t-saoghal mun cuairt orm. TCH 4-12a
--	--	---	--	---	--

Coimpiutaireachd

Neach-eagrachaidh	Tràth	Ciad	Dàrna	Treas	Ceathramh
A' tuigsinn an t-saoghail tro smaoineachadh coimpiutaireach	Is urrainn dhomh pròiseasan smaoineachadh coimpiutaireach a sgrùdadh a tha a' dèiligeadh ri caochladh ghnìomhan làitheil agus is urrainn dhomh pàtrain a lorg ann an nithean no fiosrachadh. TCH 0-13a	Is urrainn dhomh sgrùdadh agus bruidhinn mu phròiseasan san t-saoghal mun cuairt orm a' cleachdadh bun-bheachdan smaoineachadh coimpiutaireach agus is urrainn dhomh am fiosrachadh ullachadh ann an dòigh tuigseach. TCH 1-13a	Tha mi a' tuigsinn an dòigh a tha pròiseas ag obair agus a bhuil. Is urrainn dhomh pìosan fiosrachaidh mu dheidhinn a chur ann an òrdugh. TCH 2-13a	Is urrainn dhomh diofar phròiseasan fiosrachaidh bunaiteach a mhìneachadh agus mar a tha iad a' conaltradh agus is urrainn dhomh comharrachadh an dòigh sa bheilear gan cleachdadh ann a bhith a' fuasgladh diofar cheistean. TCH 3-13a Tha mi a' leasachadh mo thuigse mu fhiosrachadh agus is urrainn dhomh modail fiosrachaidh a chleachdadh gus mìneachadh a dhèanamh air siostam a dheigheadh a chleachdadh san t-saoghal mhòr. TCH 3-13b	Is urrainn dhomh innse gu mionaideach na pròiseasan a thathar a' cleachdadh ann an suidheachaidhean fìor, agus coimeas a dhèanamh eadar na pròiseasan sin agus fuasglaidhean eile a bhithear a' cleachdadh agus fireanachadh dè am fear dhiubh sin as iomchaidh. TCH 4-13a Is urrainn dhomh coimeas a dheanamh gu neo-fhoirmeil air algorithms a thaobh a bhith ceart agus èifeachdach. TCH 4-13b
A' tuigsinn agus a' dèanamh anailis air teicneòlas coimpiutaireachd	Tha mi a' tuigsinn gu bheil òrdughan de threòrachadh air an cleachdadh gus smachd a chumail air teicneòlas coimpiutaireachd. TCH 0-14a Is urrainn dhomh deuchainn a dhèanamh le agus cleachdadh a chomharrachadh de raon	Tha mi a' tuigsinn treòrachadh ann an cànan prògramadh lèirsinneach agus is urrainn dhomh ro-inns a dhèanamh air buil prògram a chaidh a sgrìobhadh a' cleachdadh a' chànan. TCH 1-14a Tha mi a' tuigsinn mar a bhios coimpiutairean a' làimhseachadh fiosrachadh. TCH 1-14b	Is urrainn dhomh mìneachadh bun-bheachdan cànan prògramaidh ann an cànan teicnigeach iomchaidh. TCH 2-14a Tha mi a' tuigsinn mar a tha fiosrachadh air a stòradh agus mar a tha prìomh phàirtean de theicneòlas	Tha mi a' tuigsinn modhan cànan airson a bhith a' riochdachadh fiosrachadh structaraichte. TCH 3-14a Is urrainn dhomh cunntas a thoirt air structar agus modh-obrachaidh siostaman coimpiutair aig a bheil iomadh ìre de bhathar-bog agus de	Tha mi a' tuigsinn modhan agus structaran dàta ann an cànan teacsa prògramaidh. TCH 4-14a Is urrainn dhomh mìneachadh obair san fharsaingeachd agus ailtireachd de fuasgladh a chaidh a chruthachadh gu didseatach. TCH 4-14b

	de theicneòlas coimpiutaireachd san t- saoghal mun cuairt orm. TCH 0-14b		coimpiutaireachd a' ceangal agus ag eadar- obrachadh tro lìonraidhean. TCH 2-14b	bhathar-cruaidh a bhios ag eadar-obrachadh. TCH 3-14b	Tha mi a' tuigsinn an càirdeas a tha eadar cànan àrd ìre agus obrachadh coimpiutair. TCH 4-14c
--	--	--	---	--	---

Coimpiutaireachd (a' leantainn)

Neach-eagrachaidh	Tràth	Ciad	Dàrna	Treas	Ceathramh
A' deilbh, a' togail agus a' feuchainn a-mach fuasglaidhean coimpiutaireachd	Is urrainn dhomh leasachadh sreath de stiùiridhean agus an cur gu feum a' cleachdadh innealan a ghabhas am prògramadh no rud coltach ri sin. TCH 0-15a	Is urrainn dhomh sealltainn raon de bhun sgilean fuasgladh cheistean le bhith a' togail prògraman simplidh gus gnìomh sònraichte a dhèanamh a' cleachdadh cànan iomchaidh. TCH 1-15a	Is urrainn dhomh cruthachadh, leasachadh agus luachadh fuasglaidhean coimpiutaireachd mar fhreagairt air dùbhlann deilbh. TCH 2-15a	Is urrainn dhomh innealan leasachaidh iomchaidh a thaghadh gus deilbh, togail, luachadh agus leasachadh fuasglaidhean coimpiutaireachd stèidhichte air riathanasan. TCH 3-15a	Is urrainn dhomh innealan leasachaidh iomchaidh a thaghadh gus deilbh, togail, luachadh agus leasachadh fuasglaidhean coimpiutaireachd gus fiosrachadh a làimhseachadh agus a thaisbeanadh agus a bhith a' dèanamh argamaidean reusanta gus mo cho-dhùnaidhean fhìreanachadh. TCH 4-15a